


NATIONAL  
LIBRARY  
OF SCOTLAND

RB.A.417.



Given by

Lady E.L. Rawlings.



Fluaras naidheachd 'thug dhuinn bron  
'Nuair chualas feadh an aite  
Gu'n bhàsach Maighstir Seòr's  
Bha iomadh neach ri sruladh  
Gun dùil ri d'fhaicinn beò;  
'S bi 'n Cean-a-deas ga d' ionndrainn  
Is ga do chaoidh ro mhòr.

X

DO' N T-SAGART

## SEORUS RIGG


NACHMAIR EANN



1    **O** gu'r cianail, duilich leinn  
       Gu'r a muladach ri inns'  
   Gu'n tugadh bhuainn à Uibhisid  
       Fear, cho urramach 's a bh'innt' !  
   Do bhàs, a Mhaighstir Seòrus,  
       Thug leòn do dh-ionadh cridh'.  
   Do pheathraichean ro chòir  
       'S iad gu brònach ga do chaoidh.

2    Gu'r ann moch Di-Sathuirne  
       Fhuaras naidheachd 'thug dhuinn bròn  
   'Nuair chualas feadh an àite  
       Gu'n bhàsaich Maighstir Seòr's  
   Bha ionadh neach ri sruladh  
       Gun dùil ri d' fhaicinn beò ;  
   'S bi'n Cean-a-deas ga d' ionndrainn  
       Is ga do chaoidh ro mhòr.

- 3 Bho n' thainig thu do dh-Uibhisd,  
    Bha thu measail air gach dòigh,  
    Ri Feumaich bha thu carthannach,  
    'S ro mhath do dhaoine leòint'.  
Bha thu baigheil, caoimhneil,  
    'S beag bha dh' fhoill fo d' chòt';  
    'S ann bh' annad an duin' uasal  
    'S tu truasail ris gach seòrs'.
- 4 'S ann a fhuair thu pianadh  
    'Measg luchd fiabhruis mhòir,  
    Gun agad neach ga d' chuideachadh  
    Na chuireadh duin' air dòigh.  
Bha 'n anshocair cho gabhaltach  
    Is gealtachd air gach seòrsa,  
    Ach ruigeadh tu gach pearsa dhiubh  
    Mar ghealladh leat 's a bhòid.
- 5 'S og a chaidh na bòidean ort,  
    'S a ghabh thu stol 'n ad laimh  
    An ceann na drèuchd tha solaimte.  
    Bha gliocas mòr 'n ad chainnt;  
    Gu 'm bu deagh fhear comhairl' thu  
    'Toirt robhadh dhuinn 's gach àm,  
    Sinn uile dhianamh aithreachas  
    Mu 'n tachradh dhuinn 'bhi caillt.



- 6 A Righ ! bu deas air altair thu  
Le pearsa 'bha gun sgòd,  
Fo chulaidh 's iomadh dath innte,  
'Toirt flathanas f' ar comhair.  
An sluagh a bha 'g ad eisdeachd  
'Toirt aoradh dha 'n Dia mhòr,  
'S an Lobairt Naomh ga tairgse leat  
Air son nani marbh 's nam beò.
- 7 'S og a fhuair thu d' àrach  
Leis a mhanna bheò,  
'Bha aig Maois 's aig Aaron,  
Aig Sàdoc agus Job.  
'S o chaidh siol nan gràsan  
'Chur 's an aít' sa leat ro mhòr,  
Cha d' dhichuimhnich an t-àl so thu  
N' am blàs 'bha 'n cainnt do bheoil.
- 8 'Sann a bh' annad an deagh bhuachaill',  
Ged thugadh bhuainn thu og,  
Làn eireachdais is stuamachd,  
Gun ghruaim ri neach 'bha beò.  
Ri paisdean bha thu caoimhneil,  
'S tu tric 'toirt dhaibh dhe d' stòir,  
Ach gheibh thu duais do charthannachd  
Am flaitheas Dhia na glòir.

- X
- 9    'Nuair 'theid mi gu Cnoc Thàlann  
       'S a chi mi 'n t-ait a bheil d'ùir,  
       Gu 'n saoil mi gu'r a còir dhomh,  
       Gu 'n cluinn mi 'n comhradh ciùin,  
       A b' abhaist tighinn o d' bhileansa,  
       'Bha 'sileadh mar an driùchd.  
       Dha d' chaoraich thug thu t' ionaltradh  
       Le smior a chruithnichd.
- 10    Gu'r i Eaglais Dhalabruig,  
       'Fhuair an sgaradh mòr  
       'Nuair thugadh bhuaipe an Sagart  
       'Bha ro mhaiseach air gach dòigh.  
       Ach 's e toil an Athar, 'tha  
       'Fantuinn ann ar gloir,  
       'Chaoraich fhein thoirt dhachaидh,  
       'S an ghabhail dha na chrò.
- 11    Nam b'e 'n aois 'thug bhuainn thu  
       Cha bhiodh ar gruaim cho mòr ;  
       'S ann dh' fhalbh thu 'n trein do spionnaidh  
       'S gu'r e sud a rinn ar leòn ;  
       'S nach fhaca sinn na 's eireachdail  
       A seasamh an am bròig,  
       'S thug thu dhuinn an t-eisionplar  
       Nach fhàg a bheag 'tha bed.      UIBHISDEACH.

